



# Fèisean nan Gàidheal

The National Association of  
Gaelic Arts Youth Tuition Festivals


## Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig Freagairt aig Fèisean nan Gàidheal

### Ro-ràdh

Tha Fèisean nan Gàidheal ag aontachadh le lèirsinn a' Phlana. Tha sinn a' faireachdainn gur e deagh thoiseach-tòiseachaidh a th' ann agus tha sinn a' coimhead air adhart, mar bhuidhinn, ri bhith a' gabhail pàirt mòr anns na h-ìomairtean a tha romhainn uile.

Stoighle an Dreachd Plana:

- Tha feadhainn de na beachdan caran duilich a thuigsinn agus leis a-sin chan eil am plana uabhasach tarraingeach mar phios leughaidh. Tha sinn a' tuigsinn nach e cuspair furasta a tha seo, ach feumaidh am plana a bhith air fhoillseachadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus furasta leughadh agus a thuigsinn. Mar a tha e an-dràsta, tha e rudeigin tioram agus làn de dh'fhaclan teicnigeach.
- Chan eil co-ionannachd eadar na diofar thionndaidhean den Dreachd Phlana – thathar a' faireachdainn gu bheil an tionndadh Bheurla nas leasaichte a thaobh briathrachas na tha tionndadh na Gàidhlig.
- A thaobh na dòigh anns a bheil iad gan nochdadh, tha na raointean gnìomh ro sgapte bho chèile a thaobh feallsanachd. Chan eil e soilleir gum bi na raointean seo uile uaireannan a' tighinn an lùib a chèile. Bhiodh dealbh-mineachaidh a leithid seo feumail ann a bhith a' mineachadh dè tha san amharc agaibh:



## Spionnadh

### Dachaigh

- Chan eil e soilleir dè tha "dìlseachd cànan" a' ciallachadh.
- Bu chòir "Oifigearan Co-òrdanachaidh Gàidhlig" a bhith aig gach sgoil far a bheil Gàidhlig ga teagasg, no co-dhiù far a bheil clann aig a bheil Gàidhlig. Gu tric chan eil Gàidhlig aca aig an taigh agus ged a tha pàrantan taiceil, chan eil sgilean Gàidhlig aca aig ìre àrd gu leòr airson a bhith a' toirt taic do na sgoilearan. Bhiodh e an urra ris an oifigear seo càirdeas a chur air dòigh eadar an sgoil agus an teaghlach air fad, agus "Family Language Plans" a dheasachadh gus taic a thoirt do na sgoilearan agus na pàrantan airson na sgilean Gàidhlig aca a neartachadh.
- Bu chòir Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a bhith an sàs anns an roinn seo – gu h-àraidh leis an làrach-lìn ur aca – [gaelic4parents.com](http://gaelic4parents.com)

### Coimhearsnachd

- Buill – cha robh e soilleir dè bha seo a' ciallachadh, gu h-àraidh anns an dreachd Bheurla.
- Bu chòir do na buidhnean ealain (leithid Fèisean nan Gàidheal) a bhith am measg nam prìomh-bhuidhnean.

### Àite-obrach

- Bu chòir do luchd-fastaidh aithneachadh agus soillseachadh an luchd-obrach aca aig a bheil Gàidhlig, m.e. daoine a tha ag obair sa bhanca aig a bheil Gàidhlig no a tha ag obair aig "checkouts".

### Leasachadh Corpais

- Bu chòir do Shabhal Mòr Ostaig a bhith am measg nam prìomh-bhuidhnean.

## Inbhe

### Planaichean Gàidhlig

- Ged a tha sinn gu mòr airson gun tèid planaichean Gàidhlig a chur air dòigh, gu h-àraidh anns an raoin phoblach, thathar a' faireachdainn bu chòir "meanbh-phlanaichean" a bhith aig feadhainn de na Comhairlean aig a bheil sgìrean far a bheil coimhearsnachdan Gàidhlig, no co-dhiù sgoiltean Gàidhlig. Chan eil e math gu leòr do Chomhairlean a bhith a' cur air dòigh plana farsaing – bhiodh "Planaichean Gàidhlig Ionadail" tòrr nas èifeachdaiche.
- Feumaidh slatan-tomhais cinnteach a bhith aig gach pàirt de na planaichean m.e. "àireamh de sgoilearan ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoil ro 2011".

### Seasamh

- Cha robh prìomhachas gu leòr anns a' phlana san fharsaingeachd air sgeamaichean airson sgoilearan nach eil a' dol tro dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig m.e. GLPS.
- Tha Fèisean nan Gàidheal ag aithneachadh cho cudromach 's a tha obair nan ealain airson seasamh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus bu chòir "Buidhnean nan Ealan" a bhith am measg nam prìomh-bhuidhnean.

### Mothachadh

- Tha Fèisean nan Gàidheal ag aontachadh le tòrr de na molaidhean anns an raoin seo, ach feumaidh sinn a bhith faiceallach nach cuir sinn cus cuideim air margaidh an luchd-turais bho dhùthchannan cèin. Ged a tha iad cudromach airson adhbharan eacanomaigeach, bu chòir dhuinn prìomhachas a thoirt do dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba airson an ùidh a tha aca anns a' Ghàidhlig a thogail.
- Bu chòir "Buidhnean nan Ealan" a bhith am measg nam prìomh-bhuidhnean.



## Taic

- Prìomhachas 5 – Tha seo nas soilleir anns an dreachd Ghàidhlig na tha e anns an dreachd Bheurla. Ged a tha sinn a' dol leis a' mholadh seo gu ìre, tha tòrr chothroman ann airson daoine aig nach eil Gàidhlig a bhith an sàs ann an cultar na Gàidhlig – agus tha deagh eisimpleirean againn de dhaoine a thàinig gu Fèis mar chom-pàirtichean a tha a-nise fileanta sa chànan, neo pàrantan a tha a-nis ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Bu chòir "Buidhnean nan Ealan" a bhith am measg nam prìomh-bhuidhnean.

## Foghlam

Tha Fèisean nan Gàidheal ag aithneachadh cho cudromach 's a tha foghlam ann an saoghal na Gàidhlig. Ach is docha nach eil gu leòr anns a' Phlana mu dheidhinn foghlam anns a' choimhearsnachd air neo cothroman do sgoilearan a bharrachd air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil sgoilearan gu leòr an-dràsta anns na sgoiltean Gàidhlig, agus leis a-sin, tha cruaidh fheum air a bhith a' dol a mach don mhòr-shluaigh ann an Alba a' toirt chothroman dhaibh agus dan cuid chloinne a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig m.e. GLPS.

## Bliadhnaichean tràth

- Tha sinn den bheachd gum bu chòir Oifigearan Co-òrdanachaidh Gàidhlig a bhith aig gach sgoil far a bheil Gàidhlig. Bu chòir seòmar a bhith anns gach sgoil far am faodadh an t-oifigear a bhith stèidhichte agus gheibh pàrantan cothrom taic fhaighinn ann an dòigh pragtaigeach, m.e. beagan cuideachaidh le obair dachaigh. Bhiodh seòmar mar seo, làn stuthan-taice, na chuideachadh mòr do phàrantan. Bhiodh e na bhuanachd do phàrantan a bhiodh ag iarraidh an cuid chloinne a chuideachadh le obair dachaigh agus fiù 's cothrom dhaibh fhèin an cuid Gàidhlig a neartachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith aig gach ìre sna sgoiltean – bho aois 3 – 18.
- Bu chòir "Buidhnean Cùram Chloinne" m.e. Scottish Childminding Association a bhith an sàs anns an raoin seo.

## Bliadhnaichean Sgoile

- Tha sinn ag aontachadh gum bu chòir barrachd chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a bhith rim faighinn san àrd-sgoil mar aon de na prìomhachasan.
- Feumaidh am plana a bhith nas soilleire a thaobh nan cothroman a th' ann airson sgoilearan nach deach tro mheadhan na Gàidhlig – leithid daoine òga a tha a' dèanamh Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) anns an àrd-sgoil agus GLPS anns a' bhun-sgoil.
- Tha fios againn gu bheil sinn gann de thidsearan aig a bheil Gàidhlig aig ìre àrd-sgoil. Bu chòir dòighean ùra neo nas sùbailte a bhith air an cleachdadh m.e. dh'fhaodadh daoine sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig a rinn ceum ann an cuspair-sgoile a bhith a' toirt taic mar "thidsear" do na tidsearan aig nach eil Gàidhlig. A-rèir coltais, tha an dòigh-obrach seo gu math soirbheachail ann an Èirinn.
- Bu chòir do na buidhnean-teagaisg, m.e. EIS agus GTC, a bhith an sàs anns an raoin seo.

## Treas Ìre is Fad-Beatha

- Tha sinn ag aontachadh le tòrr de na molaidhean seo, ach bu chòir preantasan Gàidhlig a bhith ann. Bu chòir taic airgid agus taic leis a' chànan a bhith ann airson luchd-fastaidh aig a bheil ùidh ann a bhith a' cur sgeama mar seo air dòigh.
- Tha tòrr choimhearsnachdan ann far a bheil a' Ghàidhlig fhathast na cànan làitheil agus tha cothrom sònraichte aca cùrsaichean Gàidhlig a ruith airson luchd-ionnsachaidh gu h-àraidh. A-rithist, tha seo gu math cumanta ann an Èirinn.
- Tha cothrom ann ceanglaichean a thogail le buidhnean eile sa choimhearsnachd m.e. comainn eachdraidh neo Fèisean airson bùthan-obrach tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh.

## Stòras Foghlaim

- A-rithist, tha cothrom ann do dhaoine anns a' choimhearsnachd aig a bheil sgilean sònraichte taic a thoirt do thidsearan aig nach eil Gàidhlig.



## Cultar

"Targaid ann an Cunntas 2011" – Cha robh e soilleir dè bha seo a' ciallachadh agus ciamar a tha an àireamh seo (3.5%) a' coimeas leis na figearan airson Alba air fad.

### Gnìomhachd Chultarach

- Tha sinn ag aontachadh leis na molaidhean seo.

### Na h-Ealain

- Bu chòir gum biodh na prìomhachasan a bhith nas soilleire a thaobh taic airson pròiseactan dràma, gu h-àraidh am measg na cloinne agus coimhearsnachdan. Tha dràma gu math cuideachail do dhaoine aig a bheil Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' neartachadh nan sgilean aca. Tha tòrr phròiseactan drama mar seo anns a' Chuimrigh a tha soirbheachail ann a bhith a' brosnachadh a' chànan aca fhèin.

### Dualchas

- Tha cothrom ann ceanglaichean a chur air dòigh eadar buidhnean dualchais agus buidhnean cànan, airson bùthan-obrach a stèidheachadh.

### Spòrs is cur-seachad

- Dè th' ann an cur-seachdain eileagtronaigeach?

## Conaltradh

### Meadhanan-clò

- Tha sinn ag aontachadh leis na molaidhean seo.

### Sgaoileadh Craolaidh

- Tha sinn ag aontachadh leis na molaidhean seo.

### Cothrom air Susbaint

- Bu chòir don t-Seirbhis Dhìdeatach Ghàidhlig a bhith aig amas air an cuid bu mhotha de na prògraman aca a dhèanamh airson a' ghinealaich òig. Tha seo gu math soirbheachail anns a' Chuimrigh air an t-sianail S4C.
- Bu chòir ceanglaichean a bhith ann eadar an t-seirbhis seo agus an raoin ealain anns a' chiad dol-a-mach.

### Eadar-gnìomhachd

- Bu chòir sgioba "Teicneolas Ùr" a bhith air a chur air dòigh – dh'fhaodadh seo a bhith stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig - airson obair a dhèanamh air pròiseactan tarraingeach do dh' òigridh 13 – 25, a' cleachdadh teicneolas ùr m.e. fònaichean làimhe, eadar-lìon agus geamaichean computair.

## Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig

Leis gu bheil roinn gu sònraichte ann air foghlam, agus ged a tha sinn ag aontachadh le seo gu mòr, tha sinn den bheachd gum bu chòir ro-innleachd a bhith anns a' phlana air na h-ealain.

Ged a tha dleastanas airson nan ealan a' laighe ann an àiteachan eile, aig a char as lugha, bu chòir don phlana nàiseanta a bhith a' mìneachadh ciamar a bhios am Bòrd a' co-obrachadh le Comhairle nan Ealan agus Creative Scotland, agus ciamar a bhiodh na h-ealain Ghàidhlig nam pàirt de na phlanaichean Gàidhlig aig na buidhnean sin.



Ach tha sinne a' moladh gum bu chòir do ro-innleachd fa leth, coltach ris an tè a th' ann air foghlam, a bhith anns a' Phlana Nàiseanta.